

Ceistean Dùbhlain: Gàidhlig

- Dè na feartan de chleachdadh èifeachdach a tha ri ur miann san fhilm seo? Ciamar as urrainn dhaibh sin buaidh a thoirt air luchd-ionnsachaidh?
- Ciamar a chruinnicheas tu fianais air na nithean a dh'fheumas an leasachadh aig ìrean ceannardais ro-innleachdail, àrd-ìre, meadhan-ìre agus ìre air leth, gus dèanamh cinnteach à leasachadh mean air mhean air cànan is cultar na Gàidhlig nad stèidheachd/ùghdarras ionadail?
- Dè an ìre gu bheil àrd-stiùirichean agus luchd-obrach a' dol an sàs gu breithneachail anns a' Chomhairle mu Foghlam Gàidhlig, Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 2017, agus toraidhean sgrùdaidh gus Foghlam Gàidhlig de dh'àrd chàileachd a dhearbhadh? A bheil an t-astar de leasachadh leantainneach iomchaidh airson buaidh a thoirt orra sin?
- Dè an ìre gu bheil thu a' cleachdadh guth luchd-ionnsachaidh gus slighe Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh a chumadh san àm ri teachd?
- Dè an ìre gu bheil clann agus daoine òga a' nochdadh nam buannachdan an lùib ionnsachadh na Gàidhlig agus a bhith a' sior fhàs dà-chànanach?
- Ciamar a tha sgrùdadh is tracadh air adhartas agus coileanadh a' dèanamh cinnteach gu bheil bunait thèarainte aig clann is daoine òga ann an Gàidhlig mus tòisich iad air sgilean sa Bheurla?
- Dè na ro-innleachdan a tha èifeachdach ann an teagasg Beurla do chlann agus iad a' gluasad bho ìre làn bhogaidh chun na h-ìre bogaidh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig?
- Ciamar a tha sibh a' fighe a-steach eadar-obrachadh èifeachdach agus cunbhalach sa Ghàidhlig mar phàirt de fhèin-fhiosrachaidhean air an tòiseachadh le leanabh, air an tòiseachadh le inbheach agus air an stiùireadh le inbheach a bhios ag adhbharachadh gum bi a' chlann fileanta sa Ghàidhlig?
- Ciamar a tha com-pàirtichean agus buill den choimhearsnachd a' cur taic ri curraicealam Foghlam Meadhan Gàidhlig?
- Dè cho èifeachdach 's a tha ur cleachdadh de theicneòlas didseatach gus a' Ghàidhlig a mheudachadh 's a leudachadh sa churraicealam? A bheil thu a' dol an sàs le cothroman leithid e-Sgoil, Film-G, An Deasbad Beag?
- Dè cho èifeachdach 's a tha na ro-innleachdan agus eadar-theachdan agad gus buaidh chnapan-starra don Ghàidhlig a lùghdachadh agus soirbheachadh àrdachadh airson luchd-ionnsachadh aig a bheil feum air taic a bharrachd?
- Dè cho math 's a tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh ga fhisge a-steach tarsainn a' churraicealaim tro mhodh-obrach chànanan 1 + 2?
- A bheil a' Ghàidhlig ri faicinn agus ri cluinntinn anns an sgoil agus mu thimcheall na sgoile agus a bheil ìomhaigh àrd gu leòr aice aig tachartasan tar-sgoile?
- Beachdaich air dè cho math 's a tha thu a' cleachdadh ionnsachadh proifeiseanta gus 'do thidsearan Gàidhlig fhèin fhàs' a tha comasach air eòlasan is builean Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a libhrigeadh ann an suidheachadh sgoil-àraich no bun-sgoile?